

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 17 (which corresponds to Litir 321). Ruairidh would welcome feedback on An Litir Bheag from listeners/readers. He can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Chaidh buidheann Cheilteach a chur air chois ann an California o chionn ceud bliadhna. 'S e an t-ainm a bh' oirre *The Celtic Club of Los Angeles*.

'S e dithis a stèidhich an cluba – fear à Alba agus fear à Èirinn. Thuir iad gur e a' chiad bhuidheann phan-Cheilteach air an t-saoghal a bh' ann. Bha iad a' cur fàilte air daoine bho Alba, Èirinn, A' Chuimrigh, A' Chòrn, Eilean Mhanainn agus A' Bhreatainn Bheag.

Chan eil fhios agam a bheil sin fìor, no a bheil an cluba fhathast a' dol. Ach chuala mi naidheachd èibhinn mu fhear Èireannach ann an California. Cha robh e ann an Los Angeles, ge-tà. Bha e ann an San Francisco. Bha am fear seo aig ceann buidheann de luchd-turais. Bha iad a' siubhal ann am bus.

Là a bha seo, chuir fear dhen luchd-turais ceist air an Èireannach: “A bheil Gaeilge agaibh?”

Fhregair an t-Èireannach, “Tha gu leòr.” Ach chan e an fhìrinn a bha aige. 'S e breug a bha ann. Dh'ionnsaich e Gàidhlig na h-Èireann san sgoil, ach cha robh mòran aige. Dìreach ùrnaigh no dhà.

Ràinig iad San Francisco. Chaidh iad gu taigh-seinnse. Fhuair fear dhen luchd-turais a-mach gu robh fear dhen luchd-obrach à Èirinn. “A bheil Gaeilge agaibh?” dh'fhaighnich e dhen Èireannach.

“Tha gu leòr,” fhregair an t-Èireannach. Agus 's e an fhìrinn a bh' aigesan. Bha e fileanta.

“Thig don bhòrd againn,” thuir am fear-turais. “Tha mi ag iarraidh còmhradh ann an Gàidhlig na h-Èireann a chluinntinn.”

Chaidh am fear Èireannach a-null. Bha am fear Èireannach eile aig a' bhòrd. Am fear breugach. “Siuthadaibh!” thuir am fear-turais. “Bruidh nibh ri chèile ann an Gaeilge.”

Mus thuir fear an taigh-sheinnse dad, thuir fear a' bhus, “Ar n-Athair a tha air nèamh, gun naomhaichear d' ainm.” Choimhead am fear fileanta air mar gur e amadan a bh' ann. Ach an uair sin, thuig e dè bha a' dol. Bha plòigh aig an duine eile. “Gun tigeadh do rìoghachd,” fhregair e. “Gun dèanar do thoil air thalamh, mar a nithear air nèamh.”

“Thoir dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil,” thuir a' chiad fhear.

“Agus math dhuinn ar fiachan,” fhregair am fear eile. Lean an còmhradh mar sin. Bha an luchd-turais toilichte. Chuala iad còmhradh ann an

Gàidhlig na h-Èireann. Cha robh fios aca gur e dìreach *Ùrnaigh an Tighearna* a chuala iad!

* * * * *

Faclan is abairtean: Chaidh buidheann Cheilteach a chur air chois: *a Celtic group was established*; 's e dithis a stèidhich an cluba: *it is two people that set up the club*; gur e a' chiad bhuidheann phan-Cheilteach air an t-saoghal a bh' ann: *that it was the first pan-Celtic group in the world*; A' Chuimrigh: *Wales*; A' Chòrn: *Cornwall*; Eilean Mhanainn: *The Isle of Man*; A' Bhreatainn Bheag: *Brittany*; no a bheil an cluba fhathast a' dol: *or if the club is still going*; chuala mi naidheachd èibhinn: *I heard a funny story*; aig ceann buidheann de luchd-turais: *in charge of a group of tourists*; bha iad a' siubhal ann am bus: *they were travelling in a bus*; chan e an fhìrinn a bha aige: *he was not speaking the truth*; 's e breug a bh' ann: *it was a lie*; dh'ionnsaich e Gàidhlig na h-Èireann san sgoil: *he learned Irish Gaelic in school*; dìreach ùrnaigh no dhà: *just a prayer or two*; taigh-seinnse: *pub*; 's e an fhìrinn a bh' aigesan: *he was telling the truth*; tha mi ag iarraidh còmhradh ann an Gàidhlig na h-Èireann a chluinntinn: *I want to hear a conversation in Irish Gaelic*; Siuthadaibh!: *Go on!*; bruidhnibh ri chèile: *speak to each other*; ar n-Athair a tha air nèamh: *our Father who art in Heaven*; gun naomhaichear d' ainm: *hallowed be Thy name*; amadan: *idiot*; bha plòigh aig an duine eile: *the other man was up to something*; gun tigeadh do rìoghachd: *Thy kingdom come*; gun dèanar do thoil: *Thy will be done*; mar a nithear air nèamh: *as it is [done] in Heaven*; thoir dhuinn an-diugh ar n-aran làitheil: *give us this day our daily bread*; agus math dhuinn ar fiachan: *and forgive us our debts*; lean an còmhradh mar sin: *the conversation followed like that*; bha an luchd-turais toilichte: *the tourists were pleased*; cha robh fios aca gur e dìreach *Ùrnaigh an Tighearna* a chuala iad: *they didn't know they had only heard The Lord's Prayer*.